



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

DÙBHLACHD / DECEMBER 2019



TEACHDAIREACHD BHO DÀNAIDH MACRATH

Tha e duilich a chreidsinn gu bheil sinn gus a bhith aig deireadh bliadhna eile. Tha Mòd shoirbheachail Ghlaschu seachad agus tha Iain Moireasdan agus an sgioba a-nis a' coimhead air adhart ri Mòd Inbhir Nis 2020. Ged a tha Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis air a bhith ag obair gu cruaidh ag ullachadh airson ùine, chaidh cùisean a chur air bhog gu foirmeil air an 2mh den Dùbhlachd le tachartas sònraichte ann an Talla Bhaile Inbhir Nis.

Tha Iain Moireasdan, a tha air a bhith na Àrd-oifigear aig a' Chomunn airson 12 bliadhna, air innse gu bheil e a' leigeil dheth a dhreuchd aig deireadh a Mhàrt 2020. Ionndrainnidh sinn Iain gu mòr aig a' Chomunn agus air feadh coimhearsnachd na Gàidhlig gu lèir.

Taing mhòr dha Iain airson an obair ionmhalta a rinn e os cionn na buidhne thairis air na bliadhnaichean. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dha.

A bharrachd air na Mòdan Nàiseanta agus Ionadail, tha e an còmhnaidh na thlachd a bhith aig cèilidhean aig èisteachd ri seinneadairean agus luchd-ciùil a tha air duaisean a thogail aig

a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail aig uair air choireigin agus bha seo fìor aig Cèilidh Naomh Anndra a chaidh a chumail ann am Port Rìgh bho chionn ghoirid. Nam measg bha Cairistiona Primrose, Alasdair Whyte agus Stuart Jackson, le Ailean Caimbeul, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealach, anns a' chathair airson an oidhche.

Tha Stiùirichean agus Luchd-obrach a' Chomuinn airson taing mhòr a thoirt dhuibh uile airson bh' ur taic thairis air a' bhliadhna.

Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr dhuibh.

Danaidh MacRath
Iar-Cheann-suidhe

ANNS AN IRIS SEO

Àrd-oifigear a' leigeil dheth a dhreuchd

Mòd Nàiseanta Rìoghail 2020

Bàird a' Chomuinn

Nollaig @ a' Chomunn

MESSAGE FROM DANNY MACRAE

It is hard to believe that another year has all but passed. An Comunn Gàidhealach has successfully seen the conclusion of the Royal National Mod in Glasgow and John Morrison and his small team now set their eyes on a return to Inverness in 2020.

While the Local Organising Committee have started fund raising efforts some time ago matters were formally launched on December 2nd with an event at the newly refurbished Town House with excellent media attention received.

John Morrison, who has been the Chief Executive Officer for the last twelve years, is due to retire at the end of March 2020. John will be much missed at An Comunn Gàidhealach and indeed the wider Gaelic business world and we thank him for his excellent management and leadership of the organisation over the period. We wish him well in his retirement.

Outwith National and Local Mods it is pleasing to attend events and find performers regularly introduced as past winners of awards at the Royal National Mod and a St Andrews Night ceilidh in Portree recently was no different. Artistes included Christine Primrose, Alasdair Whyte and Stuart Jackson.

The chairman for the evening needed no introduction being no other than our President, Allan Campbell.

The directors and staff would like to thank you all for your support in 2019 and wish you a merry Christmas and a happy New Year.

Danny MacRae
Vice President



AN COMUNN GÀIDHEALACH

AN COMUNN GÀIDHEALACH A' GABHAIL BEANNACHD LE IAIN MOIREASDAN

Tha an Comunn Gàidhealach an diugh air a' nochdadh gum bheil Ceannard na buidhne Iain Moireasdan gu bhith a' dol air chluaineas deireadh a' Mhàrt 2020, nuair a bhios e air faisg air 12 bliadhna a thoirt air ceann na buidhne. Thuirt Iain Moireasdan, "S e urram a th'air a bhith ann cur ri foillseachadh agus cor na Gàidhlig tron Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus lìonradh de Mhòdan Ionadail thar nam bliadhnaichean. Ghabh mise thairis san dreuchd seo ann an 2008 agus tha mi air a bhith da-rìribh fortanach agus air leth toilichte a bhith ag obair le fìor dhaoine gasta agus thaiceil, eadar an sgioba luchd-obrach, Buill a' Bhuird-stiùiridh, agus Buill a' Chomuinn. Tha mi moiteil gum bheil sinn air a' bhuidheann ath-shuidheachadh thar nam bliadhnaichean bho thòisich mi, agus air a cuid structuran a chur air bonn-steidh nas seasmhaiche. Chan eil sinn fhathast air taic maoinachaidh phoblach tearainte a ghleidheadh dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail, prìomh chuirm bhliadhnail an t-saoghail a thaobh na Gàidhlig, agus bidh an dùbhlán sin a' leantainn fo stiùir Cheannard ùr.

Cumaidh mise a h-uile taic as urrainn dhomh ris an neach sin. Thuirt Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich Ailean Caimbeul, "Tha mise agus buill a' Bhuird-stiùiridh uile gu mòr an comainn Iain airson a chuid saothrach phroifeasanta thar faisg air dà bhliadhna dheug aig stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich, agus airson gach leasachadh ionmholt a thug e air cor agus rianachd na buidhne thar an ùine sin. Gun teagamh sam bith tha Iain a' fàgail chùisean ann am fìor dheagh òrdugh dha cuideigin ùr a ghabhas uallach a' Cheannaird. Tha e air a bhith na mhòr-thlachd dhòmhsa a bhith ag obair cuide ri Iain thar nam bliadhnaichean, an dà chuid mar bhall den Bhòrd agus bho 2017 mar Ceann-suidhe. Bidh sinn a guidhe cluaineas fada sona dha Iain, nuair a gheibh e air falbh!

AN COMUNN GÀIDHEALACH THANKS DEPARTING CEO

An Comunn Gàidhealach wishes to announce that John Morrison, who has been the Chief Executive Officer for the last twelve years, is due to retire at the end of March 2020. John Morrison said, "It has been a privilege to contribute to the promotion, and the development, of Gaelic through the Royal National Mod and the network of Provincial Mods over the years. I took up this role in 2008 and I have been extremely fortunate to work with such supportive people, including staff, Directors and Members of An Comunn Gàidhealach. I am certain that we have repositioned An Comunn Gàidhealach over the last decade, and we have also strengthened the structures that underpin the organisation. However, we have not yet managed to establish secure public funding support for the Royal National Mod, the main annual event in the Gaelic calendar, and that will be a challenge for my successor. I will offer every support to that person."

The President of An Comunn Gàidhealach Allan Campbell said, "I, and the other Directors of An Comunn Gàidhealach, are indebted to John for his professional service over the past twelve years, at the helm of An Comunn Gàidhealach, and for all the commendable improvements he brought to the organisation over that period. Without a doubt, John is leaving the organisation in robust condition for the new Chief Executive. Working with John over the years has been a real pleasure for me, both as a Director and since 2017 as President. We wish John a long and happy retirement, when he eventually manages to leave!"

AN COMUNN GÀIDHEALACH

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL 2020

INBHIR NIS

Chuir an Comunn Gàidhealach, Comataidh Ionadail Mòd 2020, Comhairle na Gàidhealtachd agus Maoin Math Coitcheann Inbhir Nis air bhog, Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2020 ann a Talla Bhaile Inbhir Nis, air Diluain 2mh Dùbhlachd.

Chluinn sinn ceòl bho òigridh na sgìre agus bha tì, cofaidh agus grèim-bìdh air a chur air dòigh le Maoin Math Coitcheann Inbhir Nis.



ROYAL NATIONAL MOD 2020

INVERNESS

An Comunn Gàidhealach, the Royal National Mòd Local Organising Committee 2020, Highland Council and Inverness Common Good Fund staged the Official Launch of Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis 2020 in The Town House, Inverness on Monday 2nd December.

Entertainment was provided by Highland youngsters and light refreshments were provided by Inverness Common Good Fund.



Dè tha dol aig Comataidh Ionadail Mòd 2020?

Cumaibh sùil air duilleag Facebook Mòd Inbhir Nis 2020 airson naidheachdan sam bith agus fiosrachadh mu na tachartasan a bhios aca anns na mìosan a tha romhainn.

Ma tha sibh a' lorg ticeadan airson Cèilidh na Bliadhn' Ùire, bruthaibh an seo.

TICEADAN

Keep an eye on the Mòd Inbhir Nis 2020 Facebook page for news and notices of forthcoming events!

For tickets for our Old New Year Ceilidh Dance, click the link above.

**OLD NEW YEAR
CEILIDH DANCE**

WITH MUSIC FROM GAELIC FOLK BAND
MARLOCH

**SATURDAY 11 JANUARY 2020
7.30PM FOR 8.00PM**

**THE PRESS & JOURNAL LOUNGE
TULLOCH CALEDONIAN STADIUM, INVERNESS**

TICKETS - £15.00

ÒRAID CHUIMHNEACHAIDH IAIN MHICLEÒID

John Macleod Memorial Lecture

Fèin-aithne agus
Fèin-mheas nan Gàidheal

AIR A LÌBHRIGEADH LE
DR ALASDAIR MACILLEBHÀIN

Diardaoin 30 Faoilleach
Seòmar a' Phròiseact
50 Ceàrnag Sheòrais
Oilthigh Dhùn Èideann

Thursday 30 January
The Project Room
50 George Square
University of Edinburgh

Tuilleadh fiosrachadh bho

An Comunn Gàidhealach

01463 709 705

no

Oilthigh Dhùn Èideann

0131 650 4167





IAN MCCRORIE MBE

Bha sinn duilich cluinntinn mu bhàs Ian McCrorie MBE, 78, na bu tràithe air a mhìos seo.

Rugadh agus thogadh Ian ann an Grianraig, far an robh e a' fuireach fad a bheatha.

Bha e na bhrìtheamh ciùil aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail airson grunn bhliadhnaichean. Bha ùidh mhòr aige ann an ceòl, bhiodh e a' cluiche a' phiàna agus òrgan agus bha e na stiùiriche còisir air leth shoirbheachail airson iomadach bliadhna cuideachd.

'Se tidsear ceimigeach agus iar-cheannard a bh' ann dheth aig Acadamaidh Ghrianraig agus bha e an lùib measgachadh de bhuidhnean na bheatha phearsanta cuideachd. Bha ùidh mhòr aige ann am bàtaichean-smùid an abhainn Chluaidh agus bha e na eachdraiche dha CalMac mar thoradh air an sin.

Chaidh MBE a bhuileachadh air ann an 2007 airson an obair a rinn e airson ceòl agus airson an obair coimhearsnachd anns an robh e an sàs.

Tha sinn a' cuimhneachadh air a' bhean, Olive, na balaich, Ruairidh agus Douglas agus ogha, Fionnlagh aig an àm dhùilich a tha seo.

We were saddened to learn the news that Ian McCrorie MBE had passed away earlier this month, aged 78 after a short illness.

Ian was born and brought up and lived his whole life in Greenock.

He had been a music adjudicator at the Royal National Mod for a number of years. He had a great love of music, he learned to play the piano at an early age and the organ in his teenage years. He was heavily involved in his church and was church organist. He was an acclaimed choir conductor and led his choirs to great success.

Ian was a chemistry teacher and assistant rector in Greenock Academy and in his spare time was involved in a number of groups and organisations over the years. He had a huge interest in and wrote many books about the Clyde ferries and steamers and as a result became company historian to CalMac.

Ian was awarded an MBE in 2007 for his services to music and for his work in the Inverclyde community.

We remember his wife, Olive, their sons Roderick and Douglas and grandson Finlay at this difficult time.



BÀRD A' CHOMUINN 2019 SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Chaidh Sandaidh NicDhòmhnaill Jones a crùnadh mar Bhàrd a' Chomuinn am bliadhna, aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu san Dàmhair. Bidh mòran agaibh eòlach air Sandaidh bhon Mhòd Nàiseanta Rìoghail, mar fharpaiseach seinn, clàrsach agus litreachas.

Dh' fhoillsich Sandaidh leabhar bàrdachd ann an 2016, 'Crotal Ruadh - Red Lichen' agus tha i air iomadach duais a chosnadh ann an litreachas thairis air na bliadhnaichean.

Tha Sandaidh air a bhith trang mu thràth, na dreuchd mar Bhàrd a' Chomuinn. Ghabh i pàirt ann an Cèilidh ann an Lunnainn san t-Samhain, rinn i agallamh le Mark Wringe san Dùbhlachd airson prògram 'Leugh an Leabhar', a thèid a chraoladh air Rèidio nan Gàidheal san Fhaoilleach agus tha i gu bhith an sàs ann am measgachadh de thachartasan thairis air na mìosan a tha romhainn, ann an com-pàirteachas leis A' Chomunn Gàidhealach agus Comhairle nan Leabhraichean.

Tha oisean gu bhith aig Sandaidh anns a chuairt-litir seo gach mìos, far an toir i dhuinn tuilleadh fiosrachadh air na bhios i a' dèanamh mar Bhàird a' Chomuinn. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhith.

AN COMUNN BARD 2019 SANDY D. JONES

Alexandra (Sandy) D. Jones was crowned the An Comunn Bàrd at this year's Royal National Mod in Glasgow in October. Many of you will be familiar with Sandy from the Royal National Mod as a competitor in singing, clàrsach and literature.

Sandy published a collection of Gaelic poems in 2016, 'Crotal Ruadh - Red Lichen' and has won many awards in Gaelic literature over the years.

Sandy has already been busy in promoting her role as Bàrd. She took part in a Ceilidh in London in November, recorded an interview with Mark Wringe for 'Leugh an Leabhar' earlier this month, which will be broadcasted in January on Radio nan Gàidheal. Sandy also has a number of events scheduled for the coming months, in partnership with An Comunn Gàidhealach and the Gaelic Books Council.

Sandy will contribute to this newsletter each month, to share news of any events she is involved with in her role as Bàrd a' Chomuinn. We wish her well with these events.



Tha làrach-lìn ùr aig Sandaidh a thèid beò air 20 Dùbhlachd 2019.

Sandy will also be launching her new website on 20 December 2019.

www.sandaidhnicdhomhnailljones.com



PÌOSAN AINMICHTE MOD 2020

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2020 a chumail ann an Inbhir Nis eadar an 9mh is 17mh den Dàmhair.

Gabhaidh na pìosan ainmichte a cheannach an-dràsta bho na h-oifisean againn, ann an Inbhir Nis is Steòrnabhagh.



MOD 2020 PRESCRIBED PIECES

The 2020 Royal National Mòd will take place in Inverness between the 9th and 17th of October.

The prescribed pieces can now be purchased at either of our offices in Inverness or Stornoway.



DEALBHAN MÒD 2019

Chìthear dealbhan oifigeil a' Mhòid air làrach-lìn Graham Hood.

Bruthaibh air an ceangal gu h-ìosal:

www.grahamhoodphotography.com

MOD 2019 PHOTOGRAPHY

All of the official Mod photographs can be viewed on Graham Hood's website.

Click on the following link:

www.grahamhoodphotography.com



CUIMHNEACHAIN MÒD GHLASCHU 2019

Sùil air ais air Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 ann an Glaschu - còisirean air Disathairne 19 Dàmhair - dìreach àlainn! Bruthaibh air an ceangal gu h-ìosal airson a bhideo...

Looking back on the 2019 Royal National Mod in glasgow, massed choirs event, Saturday 19 October - beautiful! Click on the link below to play the video...

<https://www.facebook.com/RoyalNationalMod/videos/385067532381347/>





Dingwall Gaelic Choir
Coisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain

Burns Supper



Friday 10 January 2020

7.00pm for 7.30pm

Multi Purpose Hall, Dingwall Academy

Tickets: £22.50

available from June's Card Shop, Dingwall
or from choir members

Bring Your Own Refreshments

With a 'Malt & Bubbles Raffle' on the night!

Dingwall Gaelic Choir is a registered charity within Scotland (SC044726)



NOLLAIG CHRIDHEIL & BLIADHNA MHATH ÙR

BHO CHEANN-SUIDHE,
STIÙIRICHEAN & LUCHD-OBRAICH
A' CHOMUINN GHÀIDHEALAICH

Bidh an dà oifis againn dùinte airson saor-laithean na
Nollaig eadar Dihaoine 20.12.19 agus Diluain 06.01.20





MERRY CHRISTMAS
&
A HAPPY NEW YEAR

FROM THE PRESIDENT,
DIRECTORS AND STAFF OF
AN COMUNN GÀIDHEALACH

**Both our offices will close for the Christmas Holidays
between 20.12.19 and 06.01.20**



OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Iain Moireasdan*

Manaidsear a' Mhòid: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIlinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

